

SGRIOBHADH

FILEANTA



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

FO BHRUID

le Torcuil Crichton



Fo Bhruid

Sgeulachd ainmeil Robert Louis Stevenson 'Kidnapped'
air a h-ath-innse san latha an-diugh.

Torcuil Crichton

'FO BHRUID' LE TORCVIL CRICHTON

Bhiodh e freagarrach do sgoilearan Fo Bhruid a leughadh anns a' chlas agus aig an taigh. A bharrachd air a bhith ga leughadh, bhiodh e iomchaidh feum a dhèanamh den làrach-lìn againn gus an cluinn iad an sgeulachd air a leughadh dhaibh:

 <http://www.storlann.co.uk/goireasan/Fo-Bhruid.html>

Bhiodh e feumail uaireannan toirt air sgoilearan a bhith ag èisteachd gun a bhith a' leughadh. Bheir an t-ullachadh seo taic agus misneachd dhaibh nuair a nì iad measadh èisteachd aig deireadh an aonaid.

Tha ceistean air an cur mu choinneimh gach caibideil anns an aonad seo. An dèidh do sgoilearan an nobhail air fad a leughadh, bidh taghadh aca lèirmheas a sgrìobhadh air an sgeulachd mar mheasadh sgrìobhaidh. Bheir na freagairtean airson ceistean gach caibideil taic dhaibh ann a bhith a' sgrìobhadh an lèirmheis seo. Tha e mar sin glè chudromach gum bi na ceistean seo air an deagh fhreagairt.

Leis gu bheil còrr is fichead caibideil anns an nobhail seo, bhiodh e iomchaidh aig amannan na ceistean a fhreagairt tro chòmhradh bhuidhnean seach a bhith ag iarraidh air sgoilearan freagairtean a sgrìobhadh airson gach caibideil. Tha na ceistean a' dèiligeadh ris na leanas:

suidheachadh / plot / caractaran / beachdachadh / cànan / cuspair

Tha measaidhean aig Ìre Nàiseanta Ceithir agus aig Ìre Nàiseanta Còig aig deireadh an aonaid: èisteachd, leughadh, sgrìobhadh agus labhairt. Tha na measaidhean leughaidh aig an dà ìre stèidhichte air Caibideil 22 agus tha na measaidhean èisteachd aig an dà ìre ìre stèidhichte air Caibideil 23. Chithear gu bheil sgaradh eadar ìre cànan nan earrannan, ìre nan ceistean agus na tha air a shùileachadh mar fhreagairtean anns na measaidhean èisteachd agus leughaidh aig Ìre Nàiseanta Ceithir agus aig Ìre Nàiseanta Còig.

'S e na h-aon mheasaidhean sgrìobhaidh agus labhairt a chithear aig Ìre Nàiseanta Ceithir agus aig Ìre Nàiseanta Còig. Tha an sgaradh eadar an dà ìre follaiseach anns na Clàran Measadh Fianais. Tha diofar roghainnean aig na sgoilearan airson a' mheasadh sgrìobhaidh agus airson a' mheasadh labhairt aca. Nan taghadh sgoilear aig Ìre Nàiseanta Còig lèirmheas a sgrìobhadh air an nobhail airson a' mheasadh sgrìobhaidh, dh'fhaodadh iad cuideachd sgrìobhadh mun nobhail anns an deuchainn dheireannach aig deireadh a' chùrsa.

Dh'fhaodadh gum bi na deuchainnean aig deireadh an aonaid freagarrach mar mheasaidhean deireadh aonaid Ìre Nàiseanta Ceithir agus aig Ìre Nàiseanta Còig. Gheibhear Clàran Measadh Fianais an cois an aonaid.

Tha pannel thidsearan air beachdachadh air gach pìos obrach a chì sibh an seo. Chan eil am proiseas dearbhadh ro-làimh againn cuide ri Ùghdarras Theisteanas na h-Alba air tighinn gu crìch fhathast agus, mar sin, tha measaidhean Nàiseanta Ceithir agus Nàiseanta Còig fhathast dìomhair. Nuair a tha sgoil/tidsear a' cur feum air measadh foirmeil airson cuspair sònraichte, bu chòir dhaibh fios/iarrtas a chur gu oifis@storlann.co.uk agus sgaoidh sinn stuthan thugaibh tron phost-dealain cho luath 's a ghabhas às dèidh sin.

'KIDNAPPED'

LE ROBERT LOUIS STEVENSON

Tha an nobhail 'Fo Bhrùid'stèidhichte air an leabhar ainmeil aig Robert Louis Stevenson 'Kidnapped'. 'S e 'Kidnapped' fear de na nobhailean a bu chudromaiche ann an eachdraidh sgeulachdan. Tha 'Kidnapped' air a shuidheachadh ann an Alba anns a' bhliadhna 1751, còig bliadhna an dèidh ar-a-mach nan Seumasach. B' e amas Thorcuil Crichton, sgrìobhadair 'Fo Bhrùid', an seann sgeulachd a thoirt beò as ùr ann an saoghal an latha an-diugh.

- Dèan Obair A agus Obair B

Obair A

Ann am Fo Bhrùid:

1. Leugh an geàrr-chunntas air 'Kidnapped' a chì thu air duilleagan 112 – 117.
2. Leugh an eachdraidh-beatha mu Robert Louis Stevenson a chì thu air duilleagan 118-119.
3. Leugh 'Agallamh còmhla ris an sgrìobhadair' air duilleagan 120-122.

Obair B

1. Leugh an leabhar-dhealbhan 'Fo Bhrùid' a tha ag innse sgeulachd 'Kidnapped'.
2. Ma tha tìde agad, dèan 2. agus 3. ann an Obair A.

CAIBIDEIL 1: AIR MO THURAS



Glaschu

1. Thoir seachad gearr-chunntas air a' choimhearsnachd às an robh Khaleel. Dh'fhaodadh tu bualadh air baile, obair, slugh, creideamh... (Duilleag 7-8)



Pàrantan
Khaleel

2. Inns mu phàrantan Khaleel. (Duilleag 7-8)



Khaleel

3. Dè tha sinn a' faighinn a-mach mu Khaleel anns a' chaibideil seo? Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air aois, caraidean, eòlas air siubhal, ... (Duilleag 7-10)



4. "Bha mi air m' fhàgail leam fhèin san t-saoghal mhòr." (Duilleag 7)

Dè am feum a tha an seantans seo a' dèanamh ann a bhith a' cur suidheachadh Khaleel an cèill dhuinn?



5. Thoir seachad gearr-chunntas air an naidheachd a bha aig an iman do Khaleel. (Duilleag 8-9)

CAIBIDEIL 2: SÌOS DHA NA DOCAICHEAN




Akram
Shakur

1. Dè na beachdan a fhuair Khaleel mu Akram Shakur
 - a. bho dhràibhear an tagsaidh? (Duilleag 12)
 - b. bhon chaillich? (Duilleag 12-13)
2. Dè tha sinn a' faighinn a-mach mu Akram Shakur, bhon chòmhradh eadar e fhèin 's Khaleel? (Duilleag 14-15)



Liverpool

3. Inns mun choltas a bha air
 - a. an sgìre anns an robh Akram Shakur a' fuireach. (Duilleag 11)
 - b. an togalach a bha aig Akram Shakur. (Duilleag 13)



CAIBIDEIL 3: A' CUR EÒLAS AIR M' UNCAIL



1. Tha a' chaibideil seo a' crìochnachadh leis an t-seantans:

*'Ach fhad 's a bha mi nam shìneadh san dorchadas an oidhche sin,
's mi air na bh' agam de theaghlach san t-saoghal a lorg, cha
b' urrainn dhomh bhith air a bhith na b' aonaranaiche'.*

Le bhith a' smaoinichadh air a' chaibideil gu lèir, seall na tha
an seantans seo ag innse dhuinn mu shuidheachadh Khaleel.
(Duilleag 16-19)



CAIBIDEIL 4: CUNNART MÒR SAN STÒR



1. *'Mar a lean am feasgar ... chuartich sinn a chèile ... mar dhà leòmhann.'* (Duilleag 22)

Mìnich mar a tha an samhla seo soirbheachail ann a bhith a' cur an cèill a' chàirdeis eadar Khaleel agus uncail.



2. a. Thoir seachad gearr-chunntas air mar a dh'fheuch uncail Khaleel ri Khaleel a mharbhadh. (Duilleag 23-24)
- b. Inns carson nach do thachair do Khaleel mar a bha dùil aig Uncail? (Duilleag 23-24)



3. Saoil dè bha sgrìobhte ann an litir athair Khaleel? Carson a tha thu den bheachd seo? (Duilleag 25)





CAIBIDEIL 5: CARGU LUACHMHOR



Phan

1. Inns mu Phan (an gille). Dh'fhaodadh tu bualadh air aois, cinneadh, nàdar, obair agus a bheatha air a' bhàta, teaghlach ... (Duilleag 26-29)



2. Dè am fiosrachadh cudromach a dh'inns fear a' chafaidh do Khaleel? (Duilleag 29)
3. Inns mu na thachair do Khaleel aig deireadh a' chaibideil. (Duilleag 30-31)



4. "S e cargo self-loading a tha sinn a' giùlan dod uncail." (Duilleag 30)

Le bhith a' leughadh an dàrna leth den duilleig seo a-rithist, minich dè bha an Caiptean a' ciallachadh le seo.



5. Tha an caibideil seo a' toirt dealbh dhuinn air mar a tha gnothaichean gu math mì-chaillear a' tachairt fiù 's ann am Breatainn anns an aonamh linn air fhichead. Smaoinich a-rithist air sgeulachd Phan agus air an t-suidheachadh anns an robh na boireannaich a bha nan 'cargo'.

Dè na cuspairean a tha an t-ùghdar a' togail an seo?

CAIBIDEIL 6: AIG MUIR AIR A' VALDEZ



Phan

1. Inns mun t-seòrsa beatha a bha aig Phan air bòrd a' bhàta? (Duilleag 32-35)



CAIBIDEIL 7: NA SPÙINNEADAIREAN



1. Mìnich carson a bha Khaleel ann an cunnart. (Duilleag 36-37)
2. Thoir seachad geàrr-chunntas air mar a thachair anns a' bhlàr eadar na spùinneadairean agus criutha a' bhàta. (Duilleag 37-39)



'An t-Arabach'

3. Thoir tuairisgeul air an Arabach, fear de na spùinneadairean. (Duilleag 38-40)



4. Carson, nad bheachd-sa, a cho-dhùin Khaleel gum biodh e na bu shàbhailte cuide ris an spùinneadair na bhiodh e còmhla ri criutha a' bhàta? (Duilleag 40)



CAIBIDEIL 8: AM FEAR LEIS A' PHUTAN ÒIR



Mamoon

1. Dè na prìomh adhbharan a bha aig Mamoon airson am bàta a chur fodha? (Duilleag 42-43)



2. Dè am beachd a bha aig Mamoon air Khaleel? (Duilleag 43-44)

3. Carson a thug Mamoon putan òir do Khaleel? (Duilleag 43-44)



4. “S ann mar sin, is sinn air ar baisteadh ann am fuil agus ceangailte ri chèile leis a’ bhlàr, a chuir mi eòlas air Mamoon Abu Ridyeh.” (Duilleag 44)

Beachdaich air brìgh an t-seantans seo.

CAIBIDEIL 9: AIG MUIR



1. Chrìochnaich caibideil a h-ochd mar seo: ‘Is leum sinn dhan dorchadas.’

Inns mar a thachair do Khaleel às dèidh dha leum gus an deach a thogail às a’ mhuir. (Duilleag 46-47)



2. “S ann nuair a thionndaidh aon dhe na bàtaichean beaga dubha timcheall agus a rinn i oirnn aig astar a thàinig e a-steach orm bruidhinn ris ann an cànan eile.” (Duilleag 48)



Air bòrd an dhow

3. Thoir cunntas air an dòigh-beatha a dh’fhiosraich Khaleel fhad ’s a bha e air bòrd an dhow. (Duilleag 47-49)



4. ‘Ged a bha mi fhathast ga shamhlachadh mar cheannairceach craicte, chunnaic mi ann am Mamoon seòrsa de shiostam creideimh no dòigh-beatha stèidhichte air onair, agus bha sin a’ fuireach leam.’ (Duilleag 49)

Dè na ceistean, nad bheachd-sa, a tha an leabhar a’ togail a thaobh ceannairceis?



5. Carson a chaidh Khaleel a chur air tìr ann am Paganastan? (Duilleag 49)

CAIBIDEIL 10: SABAID NAN SGEINEAN



Karachi

1. Thoir iomradh air baile Karachi. *(Duilleag 50-51)*



2. “S mi bha ceàrr anns a’ bheachd sin.”
(Duilleag 51)

Dè an rud mun robh Khaleel fada ceàrr?
(Duilleag 50-51)

3. Thoir geàrr-chunntas air na thachair an dèidh do Khaleel a dhol dhan rickshaw. *(Duilleag 51-54)*



Khaleel

4. Carson a sguir Khaleel de bhith a’ pronnadh an duine eile? *(Duilleag 54)*
5. Dè an staid anns an robh Khaleel aig deireadh a’ chaibideil? *(Duilleag 54, an earrann mu dheireadh)*



CAIBIDEIL 11: ANN AN KARACHI



PLOT

1. ‘... agus, nas cudromaiche dhòmhsa, fònaichean a leigeadh leat fònadh a-null thairis.’ (Duilleag 56)

Carson nach robh na fònaichean gu feum sam bith do Khaleel?



CARACTARAN

Mamoon

2. Dèan geàrr-chunntas air na fhuair Khaleel a-mach mu Mhamoon le bhith a’ cleachdadh an eadar-lìn? (Duilleag 56-57)

3. Dè am beachd a bha aig Khaleel air Mamoon? (Duilleag 57-58)



PLOT

4. Dè an dòigh anns an robh Dòmhnall na chuideachadh do Khaleel? (Duilleag 58-60)



CAIBIDEIL 12: AN DÀRNA SGRIOS



1. Inns mar a chaidh do Khaleel air an turas chun a' Bhrithish Consulate. (*Duilleag 61-63*)
2. Dèan gearr-chunntas air mar a thachair an dèidh dhan làraidh gheal nochdadh. (*Duilleag 63-64*)



CAIBIDEIL 13: CÒMHRADH RI MAMOON



Plot

1. Inns mu na thachair an dèidh do Khaleel Mamoon fhaicinn. (Duilleag 65-66)



Khaleel
agus
Mamoon

2. Dè am beachd a bha aig Khaleel air Mamoon? (Duilleag 66-68)



3. "... 's fios agam gun robh mi air a bhith san àite cheàrr aig an àm cheàrr ann an cuideachd a' cheannaircich a b' ainmeile air an t-saoghal.' (Duilleag 68)

Leugh an earrann mu dheireadh a-rithist agus, gu h-àraid, an seantans mu dheireadh. Dè tha an seantans seo ag innse dhuinn mu shuidheachadh Khaleel?

CAIBIDEIL 14: TAIGH AN EAGAIL



1. Inns mun rud a rinn Khaleel a chuir e fhèin, Mamoon agus muinntir an taighe ann an cunnart. (*Duilleag 69-71*)
2. Dèan geàrr-chunntas air mar a chaidh aig Khaleel agus Mamoon air teicheadh. (*Duilleag 71-73*)

BRITISH SUICIDE CELL LINK TO KARACHI CONSULATE

CAIBIDEIL 15: AN ÒTRACH



1. Inns cò ris a bha beatha nan daoine a bu bho chda coltach ann an Karachi. (Duilleag 74-75)



2. Dè tha ag innse dhuinn gun robh Mamoon den bheachd gun robh an suidheachadh aca a' dol a dh'fhàs na bu mhiosa? (Duilleag 75)



3. Leugh an treas earrann air duilleag 76 a-rithist ('Chitheamaid iad a' tighinn aig astar ...'). Tagh ìomhaigheachd às an earrainn a tha thu a' meas soirbheachail agus inns carson a tha i a' còrdadh riut.



4. Leugh an dà earrann mu dheireadh air duilleag 76 a-rithist. Seall mar a tha iad ag innse dhuinn mu phearsa Mhamoon.

CAIBIDEIL 16: TEICHEADH



1. Dèan geàrr-chunntas air mar a theich Mamoon agus Khaleel bho na poilis. (Duilleag 77-81)



2. ‘Leum no bàs.’

Carson, nad bheachd-sa, a chleachd an sgrìobhadair seantans beag an seo? (Duilleag 80)



3. ‘Chan eil fhios agad, ann an suidheachadh mar sin, cò às a tha an neart a’ tighinn.’ (Duilleag 80)

(a) Dè na h-amannan eile anns an sgeulachd anns an do lorg Khaleel neart mì-nàdarra nuair a bha e ann an cruaidh-chàs?

(b) Dè, nad bheachd-sa, an cuspair a tha ag èirigh às na suidheachaidhean seo?

Feuch gun lorg thu eisimpleirean eile de shuidheachaidhean mar seo anns na caibideilean nach do leugh thu fhathast.



CAIBIDEIL 17: FON A' BHURKA



1. Dèan geàrr-chunntas air mar a fhuair Khaleel agus Mamoon air teicheadh bhon phoileas anns a' chaibideil seo. (Duilleag 82-84)



Mamoon

2. Dè tha sinn ag ionnsachadh mu nàdar Mhamoon anns a' chaibideil seo? (Coimhead gu sònraichte air an earrainn aig bonn duilleig 83 agus air an dàrna earrainn air duilleag 84.)



CAIBIDEIL 18: GU NA BEANNTAN




Na
Treubhan

1. Inns mu na daoine a bha Mamoon an dòchas a bheireadh cuideachadh dhaibh. (*Duilleagan 85 & 88*)




Air an
t-slighe
chun nam
beanntan

2. Inns mu:
 - choltas na tìre air an rathad chun nam beanntan (*coimhead air an earrainn aig bonn duilleag 85 agus mullach duilleag 86*)
 - na daoine ris an do choinnich iad air an t-slighe (*Duilleag 86-88*)



CAIBIDEIL 19: FIABHRAS



Ann an
uaimh

- Inns mu na mhothaich 's mu na dh'fhairich Khaleel nuair a dhùisg e. *(Duilleag 89-90)*



- Dè dh'inns Mamoon dhan Mhullah mu Khaleel? *(Duilleag 90-91)*
- Carson a bha Mamoon an dùil gun robh e fhèin 's Khaleel air tighinn chun an àite seo? *(Duilleag 91)*
 - Dè am beachd a bha aig Khaleel mun seo? *(Duilleag 91)*
- Dè dh'ionnsaich Khaleel mu Osama Bin Laden? *(Duilleag 92)*



- Dè na h-adhbharan a bh' aig Mullah Mera airson a bhith a' fireanachadh cogadh an aghaidh Ameireaga agus 'an taobh an iar'? *(Duilleag 93)*



- Dè an t-eagal a bha air Khaleel aig deireadh a' chaibideil? *(Duilleag 93)*



CAIBIDEIL 20: GEAMAICHEAN



Khaleel
agus
Mamoon

1. Mìnich am beachd a bha aig Mamoon air Khaheel? (Duilleag 95)



2. Dèan geàrr-chunntas air an ionnsaigh a chaidh a thoirt air Mamoon agus Khaheel. (Duilleag 96-97)
3. Ciamar a tha dròn ag obrachadh? (Duilleag 97)



4. ‘S ann à dà shaoghal eadar-dhealaichte a tha sinn.’ (Mamoon – Duilleag 98)

‘Chan e an dòigh-beatha agadsa an dòigh-beatha agamsa.’ (Khaleel – Duilleag 99)

Mìnich an dà sheantans a tha seo le bhith a’ dèanamh iomradh air an t-suidheachadh anns an robh an dithis.

5. ‘Tha rud eadarainn nach urrainn dhomh a dhìochuimhneachadh.’ (Mamoon – Duilleag 98)

‘S caomh leam thu, Mamoon.’ (Khaleel – Duilleag 98)

Mìnich an dà sheantans a tha seo le bhith a’ togail air na bha air tachairt ann am beatha an dithis anns an sgeulachd chun a seo.



6. Dè an rud a bu mhotha a bha Khaleel ag iarraidh? (Duilleag 98-99)

CAIBIDEIL 21: BARGAN



1. Inns mun oidhche a bha aig Khaleel agus Mamoon. (Duilleag 100-101)



2. 'S e an fhìrinn gum bithinn air fàilte a chur air an uaigh.' (Duilleag 101)

Mìnich an seantans seo le bhith a' dèanamh iomradh air an staid agus air an t-suidheachadh anns an robh Khaleel.



Mamoon agus Khaleel

3. 'Chan fhaighnich mi a-rithist.' (Mamoon – Duilleag 101)

Dè tha an seantans seo a' nochdadh dhuinn mun chàirdeas a tha eadar Mamoon agus Khaleel?



4. Dè rinn Mullah Mera gus nach biodh Khaleel air a choireachadh airson spreadhadh Karachi? (Duilleag 102)

5. Dè dh' fheumadh Khaleel a sgrìobhadh sa phost-dealain gu Dòmhnall? (Duilleag 103)

Caibideil 1*du.7*

gainnead	dìth, far nach eil gu leòr ann de rud
dìomhanas	suidheachadh far nach eil obair aig cuideigin
aillse	tinneas dona sam bi cuid de cheallan sa bhodhaig ag atharrachadh

du.8

air mhàl	chan ann le duine a tha rud air mhàl, ach pàighidh e airson a chleachdadh
fiachan	sùimean airgid a tha agad ri phàigheadh ach nach urrainn dhut a phàigheadh
tiodhlaic	cuir dhan uaigh
air mo ghairm	air iarraidh orm tighinn
naomh-chobhan	àite no ciste air a chur air leth airson rudan co-cheangailte ri creideamh
coimhearsnachd	daoine a tha a' fuireach san aon sgìre no aig a bheil ceangal eile ri chèile
's mathaid	's dòcha
uallach	dleastanas, rud a dh'fheumas tu a dhèanamh
an dàn	a' dol a thachairt
dìleab	na dh'fhàgas pàrant aig clann an dèidh a bhàis

du.9

cinneadh	buidheann de theaghlaichean aig a bheil na h-aon sinnsirean
cliù	ainm math
gnothachas	obair sa bheil ceannach agus reic
marsantaich	daoine a bhios a' ceannach stuth agus ga reic airson prothaid
sgaradh	briseadh bho chèile
cuideachd	na daoine còmhla ris am bi thu a' cur seachad ùine
nam uchd	nam bhroilleach
taom	dòirt a-mach, thig a-mach ann an sruth

Caibideil 2*du.11*

cleas	mar
malairt	ceannach agus reic
stèidhte	air a chur air chois, suidhichte
nas buirbe: borb	brùideil, fiadhaich
blas-cainnt	dòigh sam bi daoine à àite sònraichte a' bruidhinn
siùrsach	cuideigin a bhios ri feise gus airgead a chosnadh
neoichiontach	gun a bhith eòlach air dòighean an t-saoghail

du.12

taigh-bathair	togalach anns an tèid rudan a thèid a cheannach agus a reic a stòradh
drèin	coltas greannach air aodann cuideigin
seòlta	carach, sgileil
gill-onaidh	cuideigin gòrach

du.13

smugaid	lìonn air a thilgeil às do bheul
mallachd	guidhe gun tachair droch rud ri cuideigin no rudeigin
clobhsa	slighe a-steach gu togalach anns a bheil grunn flataichean
buidseachd	draoidheachd a thèid a chleachdadh gus rudan a thoirt gu bith
goirseachadh	faireachdainn mhì-chàilear air sgàth eagal no iomagain
lùths	neart airson rud a dhèanamh
gruamach	mì-chàilear, mosach
spàrr	crann-tarsainn, no pìos fiodha tiugh, ann am mullach togalaich
crèadh	stuth bog steigeach a ghabhas cleachdadh airson poitean is eile a dhèanamh
cnapach	anns a bheil tòrr chnapan no phlucan
bann(an)	rud a cheanglas geata ri post agus a leigeas leis gluasad air ais 's air adhart

bolgan cruinne ghlainne às a bheil solas dealain a' tighinn

du.14

foighidinn comas feitheamh gu socair gus an tachair rud

dòrn làmh air a dùnadh gu teann le na meòir air an cumail a-steach

feadan pìob ann an gunna às an tig peilear

stàilinn meatailt làidir air a dèanamh à iarann agus carbon

a' glagadaich a' dèanamh fuaim mar a nì clag

du.15

starsnaich a' chlach no am bòrd fo dhoras, doras-aghaidh

Caibideil 3

du.16

drann fuaim mar chrònan no srann

brùth put

ùrlar(an) ìre ann an togalach anns a bheil barrachd air aon làr

du.17

gath loidhne de sholas

biùgan toirds

na buin na làimhsich

cràbhach a' creidsinn ann an Dia

theab cha mhòr nach

du.18

earbsa creideas a th' agad ann an cuideigin eile

a' sliobadh a' suathadh do làmh ri rud

ceàrd cuideigin aig nach eil dachaigh stèidhte a bhios a' siubhal agus ag obair far an stad e

gam tholladh a' cur toll annam

mo leòr na bha mi airson ithe

dìomhaireachd rud nach tèid innse do dhaoine eile

du.19

sùim	ùidh a ghabhas tu ann an rud a tha cudromach dhut
gam cheasnachadh	a' cur cheistean orm
truaghan	fireannach bochd
nam shìneadh	a' laighe

Caibideil 4*du.21*

a' càineadh	a' gearan mu chuideigin
a' rùrach	a' gluasad rudan gus faicinn dè uile a tha ann
lorgan mo spògan	làraich a dh'fhàg mo chorragan
dìosgail	fuaim a nì rud meirgeach nuair a ghluaiseas e
a' breith	a' faighinn grèim air rud
rèidh	gun a bhith ag èirigh no a' tuiteam

du.22

na bu threasa	na bu làidire
dol a-mach	an giùlan aig cuideigin, na bha e a' dèanamh
amharas	droch fhaireachdainn air sgàth 's gu bheil thu a' cur teagamh ann an cuideigin
dìle bhàite	uisge air leth trom
dearmad: dèan dearmad	dìochuimhnich, no fàg rud gun a dhèanamh
aonta	rud a dh'aontaich daoine eatarra
sùim	beagan no mòran de dh'airgead
peitean	seacaid ghoirid gun mhuilchinn

du.23

tabhainn	tairg, thoir cothrom do chuideigin air rud
droch-amharasach	a' cur teagamh ann an cuideigin, gun earbsa a bhith agad ann

teirig	ruith a-mach à lùth
comharraich	dèan follaiseach
gaisean(ein)	ròineag de fhalt
fa-near dha	na bheachd a dhèanamh
doras-slaodaidh	doras a bhios a' dol bho thaobh gu taobh seach a-mach 's a-steach
reub	geàrr gu luath tro rud

du.24

uèir	snaithlean fada làidir de mheatailt
fosgladh	beàrn, toll
dìoghaltas	rud a nì thu air cuideigin mar thoradh air rud dona a rinn e no i ort.
làmh-an-uachdair	smachd, am prìomh àite
balgair	droch dhuine

du.25

stobadh: stob	put rud ann an rud eile
srannan	fuaim àrd a nì inneal

Caibideil 5*du.26*

ciontach	a rinn rud ceàrr
a' dìreadh	a' dol suas
airson a dhìon	gus fasgadh a thoirt dha
liormach	rùisgte, gun aodach ort

du.27

faoin	gòrach
cuilbheart	plota meallta
luachmhor	prìseil, de luach àrd
comhairle	stiùir air dè bu chòir dhut a dhèanamh
nan deigheamaid: rach	falbh; mas e agus gum falbhadh sinn

na lòn: lòn	uisge na laighe air rathad no cabhsair
na sginneadh e	uimhir 's a b' urrainn dha faighinn ann
sgàinidhean: sgàineadh	loidhne air rud far a bheil briseadh beag
peirceall	am pàirt ded chlaigeann sa bheil d' fhiacalan

du.28

brùideil	cruaidh, fòirneartach, mì-choibhneil
rian	smachd, òrdugh
tràillean	daoine a dh'fheumas obair a dhèanamh gun phàigheadh, agus nach fhaod a fàgail
lotan	àitean goirt air do bhodhaig
sgiùrsadh: sgiùrs	buail cuideigin le cuip
bòsun	dreuchd sònraichte aig a bheil fear de chriutha bàta
lann	am pìos de sgian leis am bi thu a' gearradh
pronnadh; pronn	buail a-rithist agus a-rithist

du.29

truas	co-fhaireachdainn do chuideigin ann an droch shuidheachadh
fulang: fuiling	fairich pian no bròn, cuir suas ri suidheachadh doirbh
samhlachadh: samhlaich cuideigin ri cuideigin eile	faic gu bheil iad coltach ri chèile
crom	crùb, lùb
plàigh duine	duine cunnartach
cuidhteas: faigh cuidhteas cuideigin no rudeigin	cuir e air falbh bhuat
gnìomhachas	seòrsa de obair, companaidh

du.30

foill	cealg, dèiligeadh mì-onorach
soitheach bathair	bàta a bhios a' giùlan cargu

falmhachadh:
falmhaich thoir às na tha am broinn rud

du.31

daorach staid anns a bheil thu an dèidh cus deoch làidir òl

dìth lùiths laigse, a bhith gun neart

Caibideil 6*du.32*

gun mhothachadh ann an laigse, gun fios dè tha a' tachairt timcheall ort

sgàineadh: sgàin spreadh, falbh às a cheile

tulgadh gluasad bho thaobh gu taobh

roghainn taghadh

mathanas ma bheir thu mathanas do chuideigin tha thu a' sgur a bhith feargach riutha mu dhroch rud a rinn iad

du.33

suarach gun luach mòr sam bith

air ghoil gu math teth

airidh tha còir agad air rud

cùmhnant aonta foirmeil

eucoraich daoine a bhriseas an lagh

a' Mhuir Mheadhan-thìreach an cuan eadar an Roinn Eòrpa agus ceann a tuath Afraga

gun tròcair gun truas

clobhda-sgùraidh pìos aodaich leis an glan thu rud mar ùrlar salach

air mhisg an dèidh cus deoch làidir òl

a' guidheachan a' cleachdadh droch chainnt

gamhainn laogh, tarbh òg

an tòir air a' coimhead airson cuideigin no rudeigin, gan lorg

du.34

basan: bas am pàirt ded làimh air an taobh a-staigh

a' frithealadh	a' coimhead às dèidh cuideigin no rudeigin
chan eil rian nach	tha e cinnteach, chan eil teagamh nach
gu cunbhalach	gu bitheanta, gu h-àbhaisteach
fathann	fiosrachadh a thèid bho dhuine gu duine ged nach eil cinnt a bheil e fìor

du.35

a' cagnadh	a' beachdachadh air fiosrachadh, a' smaoineachadh mu dheidhinn
-------------------	--

Caibideil 7*du.36*

sàl na mara	an t-uisge anns a' mhuir a tha làn salainn
fear-frithealaidh	cuideigin a bhios a' toirt biadh gu daoine aig bòrd
dè bha fa-near do	dè bha cuideigin an dùil a dhèanamh
dìleab	na dh'fhàgas pàrant aig clann an dèidh a bhàis

du.37

fianais	iomradh air rud a chunnaic cuideigin
an-fhoiseil	gun a bhith socair, fo iomagain
spùinneadairean	daoine a bhios a' goid bho bhàtaichean aig muir ann an dòigh borb
fo bhruid	air do thoirt air falbh 's air do chumail mar phrìosanach le droch dhaoine
bàta-malairt	bàta a tha a' giùlan stuth a thèid a reic agus a cheannach
air an tasgadh	air an stòradh ann an àite sàbhailte
dubhan-cargu	pìos meatailt lùbte le ceann biorach leis an greimich thu bogsaichean
breitheanas	droch rud a thachras riut 's tu fhèin an dèidh rud dona a dhèanamh
ionnsaigh	nuair a thig daoine an aghaidh dhaoine eile gus cron a dhèanamh orra
snagadaich	fuaim mar a nì d' fhiacalan nuair a tha thu glè fhuar
sgread	fuaim mar èigh àrd no sgreuch

boillsgidhean:
boillsgeadh solas a thig à gunna nuair a thèid peilear a losgadh

du.38

gunna-froise	gunna às an tig mòran phìosan beaga meatailt nuair a thèid a losgadh
am blàr	an cogadh, an t-stri
ùghdarras	cumhachd no còir òrdain a thoirt seachad
air tighinn am follais	air nochdadh, ri fhaicinn
aithris	cunntas air rud a tha air tachairt
air an leòn	air an goirteachadh
thaom: taom	dòirt, thig ann an sruth
obair-ghrèis	fuaigheal grinn a nì pàtran a tha a' sgeadachadh aodach
èasgaidh	luath, siùbhlach
a' sùghadh	a' gabhail a-steach
fhuiltich: fuilteach	ag adhbharachadh lotan a chailleas fuil, mas as trice tòrr fala
ablaichean	daoine anns nach eil cus feum

du.39

seòid	gaisgich, daoine treuna
fo rùm	ann an àite nas ìsle na deic bàta
rabhadh	fios gu bheil cunnart ann
meanbh	beag
stuth-spreadhaidh	stuth mar a tha ann am boma
crios fèin-mharbhaidh	bann a chumas stuth-spreadhaidh a mharbhas an neach air a bheil an crios cho math ri daoine eile
uèir an iarainn-leigidh	sreang de mheatailt air a ceangal ri inneal a loisgeas gunna no boma
sluigeil	leigeil an lionn nad bheul sìos don sgòrnan agad

Caibideil 8*du.41*

ciste	bogsa mòr, làidir
--------------	-------------------

du.42

cainnt	a' bhruidhinn aig cuideigin
---------------	-----------------------------

fàsach	sgìre far nach bi mòran uisge a' tuiteam, gu tric làn gainmhich
---------------	---

a bhuineas mi	a tha mi càirdeach
----------------------	--------------------

gaisgich	daoine treuna, gun eagal
-----------------	--------------------------

ciorb(an)	filleadh no preas ann an aodach
------------------	---------------------------------

maighdeann	nighean, gu sònraichte tè a tha gun phòsadh
-------------------	---

calpa	am pàirt eadar do ghlùin agus d' adhbran, aig a' chùl
--------------	---

ìmpireachd	smachd no buaidh a th' aig aon dùthaich thairis air dùthchannan eile
-------------------	--

dhith: dith	fàisg, put ri chèile
--------------------	----------------------

a' dùileachadh	a' smaoinichadh ron àm gum bi rud mar a tha e
-----------------------	---

teàirrds(ean)	beagan stuth spreadhaidh air a dheasachadh gus spreadhadh nas motha a chur gu dol
----------------------	---

du.43

moladh	faclan ag innse gu bheil rudeigin no cuideigin math
---------------	---

air lagh	deiseil gus a losgadh
-----------------	-----------------------

àirneis	bùird, sèithrichean is rudan a tha ann an rùm
----------------	---

onghail	ùpraid, othail
----------------	----------------

ag èaladh	a' gluasad gu socair, sàmhach, gun fhiosta do dhaoine eile
------------------	--

a' plogartaich	a' bualadh gu luath
-----------------------	---------------------

làrach	comharradh a tha air fhàgail far an deach rud an sàs ann an rud eile
---------------	--

du.44

nad chomain	taingeil dhut airson rud a rinn thu
--------------------	-------------------------------------

baisteadh: baist	gabhadh cuideigin a-steach do eaglais no do bhuidheann le bhith ga fhrasadh le uisge no ga chur fodha ann an uisge
-------------------------	--

carachadh: caraich	gluais
suaicheantas	samhla a chleachdas buidheann gus sealltainn cò dha a bhuineas iad
seabhag	eun-àir a dh'itheas beathaichean eile

du.45

spàrr	pìos fiodha tiugh
cliathaich	taobh de rud

Caibideil 9*du.46*

sgamhain	bidh thu a' tarraing anail a-steach dod sgamhain
dìth analach	gun gu leòr de dh'anail no èadhar nad sgamhain
uachdar an t-sàil	bàrr an uisge làn shalainn a tha anns a' mhuir
cumaidhean: cumadh	an cruth a tha air rud
lòn	lochan

du.47

sàl na mara	an t-uisge anns a' mhuir a tha làn salainn
a' spùtadh	a' dòrtadh a-mach gu luath
balgam	rud beag, na chumas do bheul
bàta-bharaille	bàta leathann air chumadh leth baraille
a' bruich	a' còcaireachd
air fàire	pìos math air falbh, far am bi an talamh agus an t-adhar a' coinneachadh, a rèir coltais
eathraichean	bàtaichean beaga
dh'fhaodte	's dòcha
feachdan	buidheann shaighdearan no mharaichean le riaghaltas air choreigin
ceannairceach	cuideigin a nì cron air rudan no daoine airson adhbharan poilitigeach
stiùir	rud air cùl bàta a thèid fon uisge, leis an atharraich thu cùrsa a' bhàta

du.48

tuainealach	le aotromas no luaran nad cheann
stiall	pìos aodaich
eadar-theangadair	cuideigin a dh'atharraicheas faclan aon chànan gu cànan eile
frasan mòra cathaidh	tòrr uisge bhon mhuir air a sgaoileadh air cùl bàta luath
sinnsearachd	eachdraidh do theaghlaich

du.49

brùidealachd	dol a-mach fòirneartach, mosach
a' cothromachadh	a' toirt seachad an taobh eile de shuidheachadh, mar gu bheil an dà thaobh gan tomhas air meidh
cathrannas	caoibhneas a sheallas tu gu daoine eile
stèidhichte	suidhichte
aig àird a chlaiginn	an an guth cho mòr 's a b' urrainn dha

Caibideil 10*du.50*

cala	àite fasgach far am bi bàtaichean air an ceangal ann am port
aocoltach	gun a bhith coltach ri rud eile

du.51

bealach a' bhàta	an t-slighe eadar an cidhe agus am bàta air am faigh daoine air bòrd
dèircich	daoine a dh'iarras airgead air daoine eile
coigreach	cuideigin à dùthaich eile
air mo bhrathadh	air rud dìomhair innse mu mo dheidhinn
sgaoth sheilleanan	àireamh mhòr de mheanbh-bhiastagan dubh is buidhe a nì mil
todhar	inneir, buachar bheathaichean, an sgudal a chuireas beathaichean a-mach
cuinnlean	an dà fhosgladh na do shròin
ciorramach	cuideigin aig nach eil comas coiseachd no eile

an uchd: uchd	broilleach, am pìos eadar d' amhaich agus do mheadhan
Ifrinn	far am bi anaman dhroch dhaoine a' dol agus far a bheil an Sàtan a' riaghladh
tachdadh: tachd	cuir stad air cuideigin bho bhith a' tarraing anail
balgair	droch dhuine
a' suathadh	a' gluasad aon rud a-null 's a-nall air rud eile
stiall	slaod pìos de rud dheth

du.52

luach an airgid	nas urrainn dhut a cheannach le airgead diofar dhùthchannan
bileag(an)	airgead pàipeir, mar eisimpleir bileag £5
na bu ghèire: geur	a smaoinicheas gu luath

du.53

fradharc	comas faicinn
dìon	cùm sàbhailte bho chunnart

du.54

mionach	stamag
gob	an ceann biorach air sgian no peansail
an comhair mo chùil	a' gluasad air ais fhad 's a tha thu a' coimhead air adhart
tuathal	troimh-a-chèile
lìon-bhiastagan	aodach tana anns a bheil pàtran de thuill bheaga a leigeas èadhar a-steach ach a chumas biastagan mar mosgiotothan a-mach

Caibideil 11*du.55*

glasadh an latha	tràth sa mhadainn, nuair a tha e a' tòiseachadh air fàs soilleir
a' gairm	ag èigheach air daoine, ag iarraidh orra tighinn còmhla
luchd-adhraidh	daoine a bhios a' toirt moladh do dhia
a' sgaoileadh	a' fosgladh a-mach
brat(an)-ùrnaigh	ruga a chuireas neach-adhraidh Muslamach air an làr nuair a tha e ag ùrnaigh
iomlaid-airgid	atharrachadh bho airgead aon dùthaich gu airgead dùthaich eile

du.56

ionad	àite sam bi rud sònraichte a' tachairt
làrach-lìn	duilleagan air an eadar-lìon air a bheil fiosrachadh mu chuspair no buidheann

du.57

nan smàl	nan teine, a' losgadh
cinneadh	buidheann de theaghlaichean aig a bheil na h-aon sinnsirean
còraichean	ceartas, na rudan air a bheil daoine airidh
treubh(an)	buidheann de theaghlaichean le aon cheannard, tric a' fuireach san aon àite
leudachadh: leudaich	dèan nas fharsainghe, nas motha
a' tarraing às	a' dèanamh fanaid no magadh air cuideigin

du.58

's gann a chitheadh tu	cha mhòr gum faiceadh tu, chan fhaiceadh tu ro mhath
ìomhaigh	dealbh
onarach	firinneach, a dh'innseas an fhirinn

du.59

dìth	suidheachadh far a bheil thu gun rud air a bheil feum agad
-------------	--

cead-siubhail pàipear oifigeil le dealbh dhìot agus fiosrachadh a leigeas leat falbh gu dùthaich eile

a' lachanaich a' dèanamh fuaim fhad 's a tha thu a' gàireachdainn gu mòr

Caibideil 12

du.61

amharas droch fhaireachdainn air sgàth 's nach eil thu cinnteach à cuideigin

oisean cùil, àite far an coinnich dà bhalla

faochadh na dh'fhairicheas tu nuair a tha eagal no droch fhaireachdainn seachad

du.62

bacadh-rathaid rud a tha a' dol tarsainn air rathad gus stad a chur air carbadan

corra grunnan, àireamh bheag de rud

fideag(an) inneal beag leis an dèan thu fuaim àrd, mar a tha aig rèitire ball-coise

a' buachailleachd a' stiùireadh, mar a stiùireas cìobair crodh no beathaichean eile

meud cho mòr 's a tha rud

sgiùrsadh: sgiùrs ruaig neach, thoir air neach falbh bhuat

beachdail cinnteach, misneachail

frionasach nearbhasach

du.63

sgrùdadh: sgrùd coimhead air cuideigin no rudeigin gu mionaideach

uimhir àireamh no meud mòr, tòrr de rud

uiread meud no àireamh mhòr de rud

bathais am pàirt dhed aghaidh eadar do shùilean agus d' fhalt

sùghadh: sùgh gabh rudeigin a-steach

fradharc comas faicinn

cuideam rudeigin trom

du.64

màs	tòn, am pàirt dhed bhodhaig air am bi thu a' suidhe
clag(an)-rabhaidh	inneal a nì fuaim àrd gus innse gu bheil cunnart ann
sloc	toll
stialladh: stiall	tarraing no srac rud air falbh bho rud eile
cugallach	gun a bhith stòlda, gun a bhith daingeann
stùr	dust, mìrean beaga biodach de stuth
claisneachd	comas cluinntinn
gleans	coltas deàlrach air rud

Caibideil 13*du.65*

taibhse	coltas neach marbh a chì thu
crathadh: crath	gluais rudeigin no cuideigin bho thaobh gu taobh

du.66

tiùrr	càrn de rudan
slapagan	brògan boga a chuireas tu ort a-staigh, am broinn an taighe
cliù	am beachd a tha aig daoine ort, na tha iad a' smaoinachadh dhìot
cliathaich	taobh rudeigin
a' teannadh oirnn	a' tighinn nas fhaisge oirnn
coma co-dhiù	gun dragh a bhith ort mu rud

du.67

dìon	thoir adhbharan airson rud a rinn cuideigin
Rùnaire-Stàite	àrd-dhreuchd ann an riaghaltas dùthaich
cealla	buidheann beag de cheannaircich a tha nam pàirt de bhuidheann nas motha
stèidheachadh: stèidhich	tòisich buidheann no companaidh
slugan	an tiùb nad amhaich trom bi biadh a' dol dod stamaig

nad chomain	taingeil dhut airson rud a rinn thu
breith	measadh a bheil rud ceart no ceàrr
<i>du.68</i>	
seirbhisean teasairginn	buidhnean leithid fir-smàlaidh, luchd-ambaileans agus poileas a bhios a' cuideachadh nuair a bhios tubaistean ann
cobhair	cuideachadh, gu sònraichte do chuideigin ann an càs no tubaist
a' sguabadh	a' cruinneachadh rudan air an làr mar a nì thu le sguab
lòn	uisge, no lionn eile, na laighe air rathad no cabhsair
asnaichean	na cnàmhan a tha a' toirt cumadh dod bhroilleach
rannsachadh	sireadh a nì cuideigin gus fiosrachadh a lorg air cuspair
cnàimh-droma	an sreath de chnàmhan a tha a' toirt cumadh dod dhruim

Caibideil 14

du.69

bhiomaid	bhiodh sinn
sguabadh: sguab	gluais cuideigin no rudeigin le cumhachd nach urrainn dha seasamh an aghaidh

du.70

co-ogha	mac no nighean le bràthair no piuthar d' athar no do mhàthar
diùltadh: diùlt	can nach dèan thu rud a tha cuideigin ag iarraidh ort a dhèanamh
gaoir	crith, crathadh a thig ort air sgàth eagal no eile
air m' onair	tha mi ag innse na firinn

du.71

co-ogha	mac no nighean le bràthair no piuthar d' athar no do mhàthar
turchairt	rud a thachras air thuairmeas, gun phlanadh ro-làimh
fo amharas	chan eil earbsa aig daoine ann an cuideigin a tha fo amharas; tha iad teagmhach mu dheidhinn

stiall tarraing bho chèile gu luath, gun chùram

trealaich grunn rudan beaga a tha agad

du.72

nàraich dèan rud a tha na mhasladh, a' cur nàire air cuideigin

leathad taobh cnuic, talamh cas a dh'fheumas tu a dhìreadh

colbh sreath, loidhne de dhaoine no de rudan

air ghoil fìor thrang le tòrr a' tachairt

feachd(an) buidheann de shaighdearan, arm dùthcha

du.73

deilgneach air a bheil pìosan biorach mar ròs no droigheann

cadal deilgneach faireachdainn mì-chofhurtail nad ghàirdeanan no nad chasan às dèidh dhut a bhith gun ghluasad airson ùine

deasachadh: deasaich dèan rud deiseil

moladh: mol can gu bheil rud math

gèilleadh: gèill sguir a bhith a' sabaid, leig seachad strì

an comhair mo chinn air adhart

bàth marbh neach eile le bhith ga chumail fo uisge no stuth eile gus nach urrainn dha anail a tharraing

todhar stuth air a chleachdadh airson an talamh a dhèanamh torrach mar inneir no feamainn

tachdadh: tachd cuir stad air cuideigin bho bhith a' tarraing anail

giall inneal a dh'fhosgla agus a dhùineas/a thèid suas agus sìos gus rudan a thogail ??

mathanas ma bheir thu mathanas do chuideigin tha thu a' sgur a bhith feargach riutha mu dhroch rud a rinn iad

Caibideil 15

du.74

òtrach àite sam bi sgudal air a chur

sracadh: srac falbh às a chèile

truailleadh: truail mill rud le bhith ga shalach le bhith a' cur sgudal air no ann

bodach-ròcais ìomhaigh de dhuine air a dèanamh le seann aodaich agus pòlaichean a chuireas eagal air eòin gus nach ith iad bàrr

a' sgròbadh a' gluasad rudan le do chorragan

du.75

òtrach àite sam bi sgudal air a chur Repeat

tabhann: tabhainn taìrg, thoir cothrom do chuideigin air rudeigin

cagar rud air a ràdh ann an guth gu math ìosal gus nach cluinn duine eile e

èiginneach air leth doirbh no duilich agus cunnartach

air ar muin air an druim againn, oirnn

du.76

taomadh: taom dòirt a-nuas no à àiteigin

bileag(an) pìos pàipeir, postair beag

airidh ma tha thu airidh air rud tha e iomchaidh is ceart gum faigh thu e

Caibideil 16

du.77

cùil(tean) àite falaichte

gam ghiùlan fhèin an dol-a-mach agam, mar a tha mi a' coiseachd agus a' coinneachadh ri daoine

du.78

slabhraidh(ean) sreath de dh'fhàinneachan meatailt air an ceangal ri chèile mar ròpa

dubhain: dubhan pìos meatailt lùbte le ceann biorach air an croch thu rud

bad(an) ultach beag de dh'fheur no falt no eile air a cheangal còmhla

lus a' choire luibh a chleachdas tu ann an còcaireachd, coriander

onghail tòrr rudan a' tachairt san aon àite ann an dòigh mhì-riaghailteach

sgread fuaim mar èigh àrd no sgreuch

stàile bòrd ann am margadh no aig fèill aig am bi stuthan air an reic

a' spàgail	a' coiseachd no a' ruith ann an dòigh mhì-sgiobalta
cuipean	pìos fada caol de leathar le làmh leis am buail thu cuideigin no rudeigin
faing	àite anns am bi caoraich air an cruinneachadh
còmhnard	rèidh, gun a bhith a' dol suas

du.79

staran	ceum air an coisich thu
a' sporghail	a' breith air rudan le do làmhan gus do chuideachadh a' gluasad air adhart
a' sìor fhàs	a' cumail air a' fàs, a' fàs agus a' fàs
bacadh	rudeigin a chuireas stad ort

du.80

iomradh: iomair	gluais bàta tro uisge le ràimh
tomhas: tomhais	feuch dè cho mòr 's a tha rud
an impis	gus
muilnean-gaoithe	cruinn a nì dealan à cumhachd na gaoithe
a' sgròbadh	a' sgrìobadh le d' ìnean 's tu a' feuchainn ri grèim fhaighinn air rud
unnsa	aonad tomhais, timcheall air 28gm; tha 16 unnsaichean ann am punnd

du.81

pronnadh: pronn	buail gu cruaidh agus gu tric
criothnachadh: criothnaich	bi a' crathadh, bi air chrith
reothadh: reoth	fuirich gun ghluasad, mar a nì uisge a tha fo neoni °C
air ar muin	oirnn

Caibideil 17*du. 82*

asna	aon de na cnàmhan a tha a' toirt cumadh dod bhroilleach
-------------	---

du. 83

adhbrann	an t-alt a tha a' ceangal do lurgainn ri do chois
tapaidh	làidir agus fallain, gun eagal
ùghdarras	cumhachd no còir òrdain a thoirt seachad
a' stialladh	a' slaodadh gu luath gun chùram
gu tur	gu h-iomlan, uile gu lèir, air fad
bàrr mo chinn	am mullach aig mo cheann, am pìos as àirde dhìom
a' diùltadh	ag ràdh nach dèan thu rud
na chuideachd	còmhla ris
(na b' fhaide) fada na cheann fhèin	rag, diorrasach, ag iarraidh a thoil fhèin
grunn	àireamh de rud, buidheann

du. 84

biùgan	toirds
a' leigeil air	seall rud leis an dòigh anns a bheil thu gad ghiùlan fhèin
mnathan-taighe	boireannaich phòsta a tha a' coimhead às dèidh dachaigh
fallas	lìonn a thig tro phòran do chraicinn
a' sruthadh	a' ruith sìos mar allt
dìrich	sreap suas
sgàile	rud a tha a' còmhdach rud eile agus ga chur am falach

Caibideil 18*du. 85*

daorach	an staid sa bheil cuideigin a tha air cus deoch làidir òl
dìth a' bhìdh	gun bhìadh agad
crioch(an)	far a bheil sgìre no dùthaich a' stad, a' coinneachadh dùthaich eile
treubhan	buidheann de theaghlaichean le aon cheannard, tric a' fuireach san aon àite
gus an socraicheadh	gus am fàsadh rudan nas socaire, nas sàmhaiche
cùisean	gnothaichean, an suidheachadh
lom	gun dad a' fàs ann
air faire	pìos math air falbh, far am bi an talamh agus an t-adhar a' coinneachadh, a rèir coltais
coinnlean: coinneal	siolandair de chèir le sìobhag sa mheadhan a lasas tu gus solas a dhèanamh

du. 86

gobhar	beathach gaoisideach le adharcan a tha daoine a' cumail airson bainne agus feòil
bacan	maide air a chur san talamh ris an ceangail thu beathaichean gus an cumail gun teicheadh
bitheanta	cumanta, a' tachairt tric
spreadhadh	na thachras nuair a thèid boma a lasadh
air mo shùghadh a-steach	air mo thoirt a-steach an lùib rud
sinn fhèin a dhearbhadh	sealltainn gun robh sinn neochiontach
mar a b' fhaide a dheigheamaid	fhad 's a bha sinn a' dol air adhart
sirist(ean)	meas beag cruinn, dearg sa bheil cnò
meirgeach	air a bheil meirg, an stuth ruadh-dhonn a thig air seann rudan meatailte
cis	airgead a phàigheas tu airson rud mar drochaid no rathad a chleachdadh

clàrc cuideigin ann am baile no ann an companaidh a bhios a' dèiligeadh ri pàipearan oifigeil

du. 87

**air duais ...
a leigeil seachad** air cothrom air barrachd airgid a chall

lùb(an) àite far nach eil rathad a' cumail air adhart gu dìreach ach a' dol timcheall air rud

a' brùchdail a' leigeil èadhar a-mach le fuaim

a' bruthadh a' putadh

cromadh: crom rach sìos

du. 88

a' lachanaich a' gàireachdainn gu mòr

bealach slighe chumhang eadar dà chnoc

gladhaire inneal a nì fuaim nas àirde gus an cluinn daoine e ann an àite poblach

daingeann làidir, teann

iomraiteach ainmeil

**cuidhteas: faigh cuidhteas
cuideigin no rudeigin** cuir e air falbh bhua

bho thùs bhon toiseach

brat ruga

crèadha stuth bog steigeach a ghabhas cleachdadh gus poitean no breigichean a dhèanamh, no balla a chòmhdachadh

Caibideil 19

du. 89

fiabhras teas ro àrd nad bhodhaig nuair a bhios tu tinn

for mothachadh, tuigse

nach b' aithne dhomh air nach robh mi eòlach

du. 90

cobhair cuideachadh, gu sònraichte do chuideigin a tha ann an càs no nach eil gu math

a' slugadh	a' leigeil deoch às do bheul sìos dod sgòrnan, no d' amhaich
dh'fhìgh: fìgh	dèan clò no aodach le bhith a' cur snàithleanan clòimhe no eile tarsainn air a chèile
dìon	thoir fasnadh no taic do chuideigin
na h-itealain: itealan	plèana

du. 91

na h-ana-chreidmhigh	daoine nach eil a' creidsinn ann an creideamh mar Islam no Crìosdaidheachd
onair	dìlse, firinn
na bu ghèire: geur	searbh, biorach

du. 92

èildear	mar as trice cuideigin nas sine ann an coitheanal eaglaise aig a bheil dreuchd sònraichte
prais	poit mhòr
gnìomhachas	seòrsa de obair
fasgnadh	dìon bho chunnart no bhon aimsir

du. 93

da rèir-san	am beachd a bha aigesan
fo shàil	air do chumail sìos le cuideigin; sàil am pàirt de bhròg fo chùl do chois
roghainn	taghadh eadar diofar rudan
a' stampadh	a' breabadh do chasan gu cruaidh air làr no air rud eile

Caibideil 20*du. 94*

laigse(an)	dòigh anns nach eil thu làidir, ach tha thu lag
bha e dèidheil air	bha e measail air rudeigin, bha an rud a' còrdadh ris
dùbhlàn	rud doirbh no cunnartach a dh'fheuchas tu ri dhèanamh
beachdair(ean)	cuideigin a bhios a-muigh a' cumail sùil air dè tha a' tachairt agus a' tilleadh le fiosrachadh

ag aithris	a' toirt cunntas air rud
gealltanais(an)	rud a tha thu ag ràdh, no a' gealltainn, a nì thu no a bheir thu seachad

du. 95

inbhe	cliù, seasamh cuideigin; cho cudromach 's a tha e am measg dhaoine eile
na chomain	taingeil do chuideigin airson na rinn e dhut, agus deònach rud a dhèanamh air a shon-san air sgàth 's na rinn e dhutsa.
breitheanas	droch rud a thachras riut an dèidh dhut fhèin rud nach bu chòir dhut a dhèanamh
fear cràbhaidh	fear a tha a' leantainn creideamh
nàrachadh: nàraich	dèan rud a tha na mhasladh, a' cur nàire air cuideigin
comhairle	stiùir a thaobh dè bu chòir dhut a dhèanamh
slaic	buille a bheir thu do chuideigin, tric led làimh
cothromach	a' faicinn dà thaobh de rud agus a' dèiligeadh ris ann an dòigh cho-ionann
beachdail	aig a bheil beachdan làidir a bhios tu ag innse do dhaoine

du. 96

neach-treòrachaidh	cuideigin a thèid còmhla riut gus an t-slighe a shealltainn dhut
sgread	fuaim mar èigh àrd no sgreuch
troigh(ean)	aonad tomhais anns a bheil 12 òirleach no mu 33 ceudameatair
bodhar	gun chomas cluinntinn
dròn	seòrsa plèan anns nach eil pileat ach a thèid a stiùireadh bho fhad às agus as urrainn rocaidean a losgadh
cuinneanan	an dà fhosgladh nad shròin
cladhaich	dèan toll san talamh

du. 97

dìg	clais, toll fada san talamh
rabadh	fios mu chunnart

mèinn(ean)	inneal a spreadhas nuair a bhuaileas cuideigin no rudeigin ann
claisneachd	comas cluinntinn
teirig	ruith a-mach, thig gu crìoch
foighidinn	comas feitheamh gu socair gus an tachair rud
cliathaich	taobh de rud
lùths	neart airson rud a dhèanamh
dìobhair	cuir a-mach na tha nad stamaig, bi bochd

du. 98

a' sporghail	a' gluasad rudan gu mì-chùramach nuair a tha thu a' coimhead airson rudeigin
dleastanas	rudeigin a bu chòir dhut a dhèanamh
socharach	gun a bhith bragail, reusanta

du. 99

caoidh	bi duilich agus 's dòcha a' rànaich air sgàth bàs cuideigin
---------------	---

Caibideil 21*du. 100*

shin e thugam	chuir e a ghàirdean a-mach gus rud a bha na làimh a thoirt dhomh
sgàineadh: sgàin	bris beagan, gun falbh às a chèile buileach
grìogagan	cnapan beaga cruinn de chrèadh, glainne no stuth eile air an cur còmhla air sreang, a thèid a chur mu amhaich no mu làmh cuideigin mar bhall-maise

du. 101

a' glagadaich	a' dèanamh fuaim le bhith a' bualadh na chèile
uaigh	àite sa bheil corp cuideigin a tha air bàsachadh air a thiodhlacadh
briseadh an latha	an t-àm nuair a thig a' chiad soilleireachadh/solas anns a' mhadainn

du. 102

a' dalladh air	a' gabhail dha rud gu dùrachdach
-----------------------	----------------------------------

èasgaidh	sglobalta, comasach
teachdaireachd(an)	naidheachd no ceist a chuireas tu gu neach eile air an eadar-lìon
cèiseag(an)	bogsa beag plastaig anns a bheil ribean fada de theip air an gabh fuaim a chlàradh agus a chluich
craoladair	rudeigin leis an tèid fiosrachadh a sgaoileadh gu iomadh àite no duine, a' cleachdadh rèidio no eadar-lìon no eile
craobh-sgaoileadair	cuideigin a bhruidhneas air beulaibh camara no maidhc agus thèid an teachdaireachd aige a sgaoileadh gu iomadh àite no duine

du. 103

inneal	rudeigin a chleachdas tu airson obair shònraichte a dhèanamh
coimpiutair-uchd	coimpiutair as urrainn dhut a thoirt leat gu àite eile
feachd(an)	buidheann de shaighdearan, an t-arm aig riaghaltas

Caibideil 22*du. 104*

dealachadh: dealaich	fàg cuideigin, falbh bho chèile
-----------------------------	---------------------------------

du. 105

òraid	bruidhinn a nì thu air cuspair sònraichte air beulaibh luchd-èisteachd
calma	aig nach eil eagal ro rud
blàr	sabaid eadar dà arm, batal
brosгал	rudan snoga a chanas tu mu chuideigin, ged nach biodh iad buileach fìrinneach
lachan gàire	gàire mòr far an dèan thu fuaim
sloinneadh	an t-ainm deireannach aig cuideigin
fèin-mharbhtach	a mharbhas an duine a tha a' toirt ionnsaigh cho math ris na daoine air a bheil e ag amas
aire	nuair a tha thu a' toirt an aire do rud tha thu mothachail dha, ga chluinntinn no ga fhaicinn

du. 106

sgread	fuaim mar èigh àrd no sgreuch
dùn	togalach air a dhìon gus am bi e duilich ionnsaigh a thoirt air
fo smachd	ma tha daoine no rudan fo smachd aig cuideigin eile, tha e a' cumail rian orra, tha làmh-an-uachdair aige orra
àrainn	àite, sgìre
gleadhraich	fuaim àrd nach eil a' còrdadh riut
deiseachan anairt	trusgan no aodach aotrom air a dhèanamh de stuth nàdarra a tha nas cofhurtaile ann an dùthaich theth leis nach bi thu a' fàs ro bhlàth ann
cuideam	ma chuireas tu cuideam air cuideigin a tha thu a' ceasnachadh bidh thu a' cur ìmpidh air na ceistean a fhreagairt, a' tighinn cruaidh air gus am faigh thu freagairt
air am brathadh	air an leigeil sìos, chaidh an car a thoirt asta
faochadh	na dh'fhairicheas tu nuair a tha eagal no droch fhaireachdainn seachad
achlais	am pàirt ded bhodhaig far a bheil do ghàirdean a' ceangal ri do chom, fo do ghualainn

du. 107

a' sgùradh	a' glanadh
paisgte	air a lùbadh seachad air fhèin gus a dhèanamh nas lugha agus gus nach fhaic duine an taobh a-staigh dheth

Caibideil 23*du. 109*

rioghachd	dùthaich aig a bheil rìgh no banrigh
mo dhìcheall	cho math agus as urrainn dhomh
a' maoidheadh: maoidh	can ri cuideigin gun tachair droch rud ris mura dèan e mar a tha thu ag iarraidh air
neach-lagha	cuideigin a tha eòlach air cùisean co-cheangailte ri lagh na dùthcha

du. 110

a riochdaicheadh mi	a bhruidhneadh air mo shon ann an cùirt
às a h-uile ceàrnaidh	às gach àite
a' lùbadh	a' cromadh do chinn gus faighinn nas fhaisge air cuideigin a tha tarsainn bhuat
in-imrich	a bhith a' tighinn a-steach a dh'fhuireach ann an dùthaich, à dùthaich eile
seòlta	carach, sgileil
a' greimeachadh air	a' tuigsinn, a' faighinn grèim air rudeigin
trèigsinn: trèig	fàg cuideigin ann an suidheachadh doirbh, gun a chuideachadh
dol a-mach	na bhios cuideigin a' dèanamh
malairt thràillean	ceannach agus reic dhaoine a dh'fheumas obair a dhèanamh gun phàigheadh, agus nach fhaod an obair fhàgail
cùmhnant	iarrtas sònraichte ann an aonta a nì thu
seirbheisean dìomhair	buidheann de riaghaltas a bhios ag obair gu falaichte gus fiosrachadh fhaighinn mu dhaoine a tha ag obair an aghaidh na dùthcha seo
brùth	put le do chorraig
srannan	inneal a nì fuaim àrd gus aire dhaoine a tharraing

du. 111

lannan	na rothan fada, caola air heileacoptair
iasad	cothrom air rud le cuideigin eile, a bheir thu air ais dhaibh nuair a tha thu deiseil